

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### Bàrd Mhealaboist (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,241. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 937 corresponds to Litir 1,241. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learngaelic.scot/litir](http://www.learngaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot.*

*'S fhada leam an oidhche gheamhraidh,  
'S fhada, 's fhada, 's fhada leam i,  
Is chan fhaic ach prèiridh lom mi,  
Cha chluinn tonn a' tighinn gu tràigh mi.*

*Fàili, fàili, fàili, hò rò  
Fàili, fàili, fàili, hò rò  
Fàili, fàili, fàili, hò rò  
'S cian nan cian on dh'fhàg mi Leòdhas.*

Tha mi cinnteach gum bi feadhainn agaibh eòlach gu leòr air na briathran sin. 'S e òran ainmeil a th' ann air a bheil '*S Fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh* mar thiotal. Chaidh a sgriobhadh le Bàrd Mhealaboist, Murchadh MacPhàrlain nach maireann. Tha mi airson beagan innse dhuibh mun òran agus mu Mhurchadh fhèin.

Thàinig leabhar mòr, brèagha a-mach an-uiridh mu bheatha is dìleab Mhurchaidh. 'S e an t-ainm a th' air 'Doras gun Chlàimhean'. Tha clàimhean a' ciallachadh 'door bolt no latch'. Chaidh an leabhar a chur ri chèile le Catriona Mhoireach. Abair an obair ionmholta a rinn i.

Bhuiheadh Murchadh do Mhealabost, baile beag pìos a-mach à Steòrnabhagh ann an sgìre an Rubha. Rugadh e ann sa bhliadhna naoi ceud deug 's a h-aon (1901). **B' e am fear a b' òige** ann an teaghlach de shianar.

Mar a bha cumanta ann an Leòdhas anns na ficheadan, rinn Murchadh eilthireachd gu ruige Canada. Sheòl e à Grianaig ann an naoi ceud deug, fichead 's a ceithir (1924). Ach cha b' e eilthireachd mhaireannach a bh' ann. Ged a bha dithis pheathraichean aige ann an Ameireagaidh a Tuath, thill e dhachaigh a Leòdhas. Mar a tha Catriona Mhoireach a' sgriobhadh anns a' chunntas mu a bheatha, 'b' e an cianalas a bu mhotha a bha ga làireadh.' Tha am bàrd fhèin a' mìneachadh a' ghnothaich anns an òran aige '*S Fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh*'. Thill Murchadh dhachaigh a Mhealabost ochd bliadhna an dèidh dha fhàgail.

Air ais don òran, ma-thà. A bheil sibh eòlach air an abairt a nochdas aig deireadh na sèist? '*S cian nan cian on dh'fhàg mi Leòdhas. It's a long long time since I left Lewis.* Tha am facal *cian* a' ciallachadh 'fad air falbh', ann an tìm agus/no ann

an astar. Tha blas de bhròn air, mar a chì sinn anns an fhacal *cianail* a tha a' ciallachadh 'brònach' no 'muladach'. Tha cianalas a' ciallachadh '*homesickness*' ach tha e nas làidire na 'm falach Beurla. Gu cinnteach, bha an cianalas air Murchadh nuair a sgrìobh e an t-òran.

Tha an abairt *o chian nan cian* a' ciallachadh 'since time immemorial'. Ann an òran, tha an loidhne mu dheireadh dhen t-sèist a' dol mar seo: '*S cian nan cian on dh'fhàg mi Leòdhas*. Tuigidh sibh gun robh am bàrd air a bhith ro fhada – **fada ro fhada** – air falbh o eilean a bhreith, on taigh-chèilidh agus on àite dham buineadh e.

Ann a' chiad rann, tha am bàrd a' sgrìobhadh: *Is chan fhaic ach prèiridh lom mi, Cha chluinn tonn a' tighinn gu tràigh mi*. Tha sin a' ciallachadh nach fhaic e, far a bheil e, ach am prèiridh. Tha prèiridh Mhanitòba nas fhaide bhon mhuir 's a ghabhas a bhith ann an Alba. Tha am bàrd ag ionndrainn na mara. Far a bheil e, cha chluinn e sluaisreadh nan tonn air tràigh. *Is chan fhaic ach prèiridh lom mi, Cha chluinn tonn a' tighinn gu tràigh mi*.

Ann an ath Litir, bheir sinn sùil a bharrachd air an òran seo, '*S Fhada Leam an Oidhche Gheamhraidh*, agus air beatha Bàrd Mhealaboist.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Bàrd Mhealaboist: *the Melbost Bard*; Murchadh MacPhàrlain: *Murdo MacFarlane*; An Rubha: *Point*; eilthireachd mhaireannach: *long-lasting emigration*; dithis pheathraichean: *two sisters*; brònach: *sad*; muladach: *melancholy, sorrowful*.

**Abairtean na Litreach:** '*S fhada leam an oidhche gheamhraidh: the winter night is so long to me; chan fhaic ach prèiridh lom mi: I can only see a bare prairie; cha chluinn tonn a' tighinn gu tràigh mi: I can't hear a wave coming on the shore; gum bi feedhainn agaibh eòlach gu leòr air na briathran sin: that some of you will be very familiar with those words; thàinig leabhar a-mach an-uirdh mu bheatha is dileab Mhurchaidh: a book came out last year about Murdo's life and legacy; abair an obair ionmholta a rinn i: what amazing work she did; mar a bha cumanta ann an Leòdhas anns na ficheadan: as was common in Lewis in the twenties; rinn Murchadh eilthireachd gu ruige Canada: Murdo emigrated to Canada; sheòl e à Grianaig: he sailed from Greenock; b' e an cianalas a bu mhotha a bha ga lèireadh: it was homesickness that was of greatest torment to him; ochd bliadhna an dèidh dha fhàgail: eight years after leaving it; a nochdas aig deireadh na sèist: that appears at the end of the refrain; tha blas de bhròn air: it has a flavour of sadness; on taigh-chèilidh: from the ceilidh house; on àite dham buineadh e: from the place he belonged to; tha prèiridh Mhanitòba nas fhaide bhon mhuir 's a ghabhas a bhith ann an Alba: the Manitoba prairie is further from the sea as it is possible to be in Scotland; ag ionndrainn na mara: missing the sea; sluaisreadh nan tonn air tràigh: the swishing of the waves on a beach.*

**Puing-chànan na Litreach:** *B' e am fear a b' òige* ann an teaghlach de shianar: *he was the youngest in a family of six*. *B' e (for bu e) is the past tense form of 's e. With this verbal form, the comparative adjectival form is b' òige. The present tense form of the sentence would be 's e am fear as òige 'he is the youngest'*.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** *fada ro fhada: much too far*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA